



S P E Y

GÀIDHLIG AIG SPEY

An t-Iuchar 2021

MU SPEY

WE ARE SPEY

THA SPEY NA BHUIDHEANN CONALTRAIDH A THA MOITEIL A BHITH GU TUR NEO-EISIMEILEACHD AGUS AONAICHTE. BIDH SINN A' LÌBHRIGEDH SHEIRBHEISEAN DÀIMH PHOBLACH, SEIRBHEISEAN MARGAIDHEACHD, SEIRBHEISEAN DIDSEATACH AGUS SEIRBHEISEAN SUSBAINT CHRUTHACHAIL BHON PHRÌOMH OIFIS AGAINN ANN AM FÀN SPÈ LE TAIC BHON DÀRNA OIFIS AGAINN ANN AM PORT EACHDRAIDHEIL LÌTE.

THA AMAS SÌMPLIDH ACH CUDROMACH AGAINN: THA SINN AIRSON NAN CONALTRAIDHEAN AS CRUTHACHAILE AGUS AS ÈIFEACHDAICHE A LÌBHRIGEDH DON LUCHD-DÈILIGIDH AGAINN.

SMALL AGENCY OF THE YEAR 2021 PRCA DARE AWARDS
TEAM CULTURE & COMMUNITY AWARD 2021 PRCA DARE AWARDS
BOUTIQUE AGENCY OF THE YEAR 2020 PR MOMENTS AWARDS
BEST GLOBAL PR AGENCY IN WHISKY 2020 WHISKY MAGAZINE

GÀIDHLIG AIG SPEY

Aig SPEY, tha sinn ag aithneachadh gu bheil Gàidhlig mar phàirt sònraichte de dhualchas, cultar agus dearbh-aithne na h-Alba.

Bidh an t-seirbheis conaltradh Gàidhlig againn a' tabhann sheirbheisean conaltradh tro mheadhan na Gàidhlig agus, sa phròiseas, a' cuideachadh le bhith a' togail mothachas agus inbhe a' chànain ann an Alba agus nas fhaide air falbh.

Le bhith a' toirt iomairtean agus stuthan conaltradh dà-chànanach do ghnìomhachasan agus do bhuidhnean, chan e a-mhàin gu bheil seasmhach aig a' chànan san àm ri teachd ach tha e cuideachd ga dhèanamh nas fhasa a bhith mar phàirt de thìr bheòthail nam meadhanan Gàidhlig.

Airson branndaichean a bhios a' toirt a-steach cànan agus cultar na Gàidhlig mar-thà, is urrainn dhuinn obrachadh còmhla ribh gus conaltradh dà-chànanach cruthachail agus èifeachdach a libhrigeadh gus ur luchd-èisteachd a ruighinn.

Faodaidh sinn cuideachd comhairle a thoirt dhuibh ma tha sibh airson Gàidhlig a fidheadh a-steach don bhrannnd agaibh airson a' chiad uair. Tha sgioba sgileil, proifeasanta againn aig a bheil Gàidhlig a bheir comhairle seachad air ro-innleachd agus conaltradh gus ur cuideachadh le bhith a' ceangal ri luchd-èisteachd ùr agus gus eòlas sònraichte, dearbhte a thogail.



AR SEIRBHISEAN

OUR SERVICES



RO-INNLEACHD CHRUTHACHAIL

'S e a bhith a' cuideachadh bhranndaichean a bhith nas èifeachdaiche agus a' cruthachadh eadar-dhealachadh a bhios sinn a' deanamh gu làitheil. Mas e ro-innleachd brannda gu tur eadar-dhealaichte airson ur cuid conaltradh, gnàthan-eòlas didseatach, no dàimhean nas luachmhoire leis an luchd-amais agaibh a tha a dhith oirbh- nì sinne an gnothach.



LUCHD-BUAIDH

Bidh sinn a' sgrùdadh anailis bhon luchd-èisteachd agaibh le susbaint ealanta co-chruthaichte a tha buntainneach don luchd-leantainn dìleas a th' aig luchd-buaidh no "influencers". Ge bith an e "macro" no "micro" a th 'annta, bidh sinn ag obair le lionra de luchd-buaidh air feadh an t-saoghail a tha nan guthan buntainneach is creidsinneach, chan ann a-mhàin airson *millennials* agus *GenZ* ach *baby boomers* cuideachd.



DÀIMH POBLACH

Tha dàimh poblach aig crìdhe ar seirbhisean. An-diugh, feumaidh dàimhean poblach a bhith deiseil airson a chur ann an clò agus ann an cruth didseatach. Tha sinne sgileil anns an gach nì, a' leigeil leinn ur brannd a chuir air adhart don mheadhanan Gàidhlig agus don mheadhanan air feadh an t-saoghail.



SUSBANT

Tha an sgioba riochdachaidh againn nan eòlaichean ann an dearbh-aithne brannda, stuth margaidheachd, dealbhadh làrach-lìn agus margaidheachd tro phost-d. Bidh sinn ag obair còmhla ri lionra tàlantach de dhaoine chruthachail tron Ghàidhealtachd gus sgeulachdan a thoirt gu buil agus ro-innleachd a libhrigeadh.



MEADHANAN SÒISEALTA

Tha eòlas againn air mar a thèid susbaint a tha tarraingeach ris an luchd-amais agaibh a dhèanamh. Bho stiùireadh seanailean, gu susbaint a chruthachadh agus ro-innleachd thairis air meadhanan pàighte agus coiseanta, bidh na sgiobaidhean dàimh poblach agus cruthachail againn ag obair gu sgiobalta airson iomairtean aonaichte a libhrigeadh air a bheilear a' bruidhinn airson an adhbharan cearta.



EÒLASAN

Bidh sinn a' cruthachadh tachartasan air leth a leigeas le branndaichean conaltradh nas doimhne a bhith aca ri luchd-amais agus ris na meadhanan. Bho bhith a' cur thachartasan air dòigh airson bathar a chur air bhog no fèin-fhiosrachaidhean eile, bidh sinn a' cruthachadh eòlasan brannda a tha air leth.

CONALTRADH GÀIDHLIG ANNS A' GHNIOMHACHAS AGAIBH

WHAT GAELIC COMMUNICATIONS CAN BRING TO YOUR BUSINESS

- **DÈAN CEANGAL LE BARRACHD DHAOINE TRON GHÀIDHLIG, A THA AIR A BHRUIDHINN GU FARSAING AIR FEADH ALBA AGUS NAS FAIDE AIR FALBH.**
- **LEIS GU BHEIL AINMEAN GÀIDHLIG A' FAS NAS MEASAILE, FAODAIH SIBH CÀNAN IS CULTAR NA GÀIDHLIG A CHLEACHDADH AIRSON FAIREACHDINN A CHRUTHACHADH A THA FÌOR IS GUN SHAMHAIL DON GHNÌOMHACHAS AGAIBH**
- **THATHAS AG RÀDH GU BHEIL 560,000 DAOINE AG IONNSACHADH GÀIDHLIG AN-DRÀSTA TRON APLACAIDEAN MAR DUOLINGO - DEAGH CHOTHROM AIRSON DÀIMHEAN URA A DHEANAMH LE DAOINE.**

Tha an ùidh ann an ath-bheothachadh a' chànain air àrdachadh a dheanamh anns a' Ghàidhlig a tha air a chleachdadh air feadh tìr nam meadhanan. Le prògraman telebhisean mòr-chòrdte, leithid dràma eachdraidheil Outlander, a' toirt mothachadh don Ghàidhlig don mhòr-shluagh, tha e air a thighinn gu bhith na phrìomh mhaoin ann a bhith a' cruthachadh eòlas dearbhte air daoine a tha a' tadhal air Alba.

Chan e a-mhàin gu bheil Gàidhlig air àite fhaighinn ann an tìr nam meadhanan ach ann an cruth-tìre nàdarra na h-Alba cuideachd. Le ceanglaichean làidir ris a' mhòr-chuid de sgìrean ann an Alba, tha coltas ann gu bheil sibh mothachail air bailtean agus bailtean mòra ann an Alba aig a bheil ainmean Gàidhlig.

Ann am margaidh chruinneil, farpaiseach, tha e deatamach gu bheil branndaichean Albannach a' tabhann eòlas cuimhneachail, dearbhte do luchd-cleachdaidh aca. Faodaidh Gàidhlig - gach cuid an cànain agus pàrtean den chultar bheirteach aice - ur cuideachadh le bhith a' cruthachadh faireachdainn a tha gun shamhail don ghnìomhachas agaibh.

THA FIGEARAN BHO
CHUNNTAS-SLUAIGH 2011
A' SEALLTAINN GU BHEIL CUID DE
SGILEAN CÀNAIN GÀIDHLIG AIG
87,000 NEACH ANN AN ALBA.

DH'AOANTAICH 70% DE
GHNÌOMHACHASAN RIS AN
DO RINN AGALLAMH IOMAIRT NA
GAIDHEALTACHD 'S NAN EILEAN GU
BHEIL GÀIDHLIG MAR MHAOIN DON
GHNÌOMHACHAS ACA.

A RÈIR RANNSACHADH BIDH
GÀIDHLIG A' CUR EADAR £82 IS
£149 MILLEAN RIS AN EACONAMAIDH
GACH BLIADHNA.

A RÈIR VISITSCOTLAND, BHA
ÙIDH AIG 51% DE DHAOINE A
THA A' TADHAL AIR ALBA ANN AN
GÀIDHLIG NO CULTAR NA GÀIDHLIG,
AGUS BU MHATH LEOTHA TUILLEADH
ÈOLAS MU GHÀIDHLIG NA H-ALBA
FHAIGHINN A-MACH.

MA THA ÙIDH AGAIBH ANN A BHITH A' CHLEACHDADH GÀIDHLIG MAR PHÀIRT DEN CHONALTRADH AGAIBH, CUIRIBH FIOS THUGAINN.

IF YOU'RE A BUSINESS INTERESTED IN USING GAELIC AS PART OF YOUR COMMUNICATIONS, PLEASE GET IN TOUCH.

hello@spey.scot
spey.scot

[@WeAreSpey](#)

